

Sùil Sgiobalta			
Diciadain 26 Sultain		Diardaoin 27 Sultain	
Seisean 1 (Madainn)	Seisean 2 (Feasgar)	Seisean 3 (Madainn)	Seisean 4 (Feasgar)
Eadar-ìrean*	Measaidhean Coitcheann Nàiseanta*	Eadar-ìrean*	Cànan agus na cuspairean cruthachail
A' meudachadh ceannardas*	SQA	Pìos-obrach sgrìobhaidh N5/Àrd-Ìre	Pìos-obrach sgrìobhaidh N5/Àrd-Ìre
Co-mheasadh	Ceumannan	Ionnsachadh gnìomhach	Ionnsachadh gnìomhach
A' teagasg chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig			

\*Co-bhùth-obrach còmhla ri luchd-teagasg bun-sgoile

## 1. Pìos-obrach sgrìobhaidh do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich – aig Nàiseanta 5 agus Àrd Ìre

Catriona Nic a' Phì – Fileantaich

Eòghan Stiùbhairt – LI

Bheir a' bhùth-obrach seo sùil fharsaing air a' phìos-obrach sgrìobhaidh ùr, a' coimhead air mar a ghabhas ullachadh agus teagasg amalachadh, co-theacsaichean èifeachdach, cànan cuimsichte, cothroman airson leasachadh, agus mar a gheibhear seachad air duilgheadasan a dh'fhaodadh nochdadh.

## 2. Ceumannan 5 – geamannan cànan (seisean practaigeach)

Emma Burrows

Sùil air geamannan cànan agus gnìomhan practaigeach airson Àrd-Ìre.

Ged a bhios an seisean seo stèidhichte air Ceumannan 5, aonad 2 (Slàinte & Sunnd) bidh na geamannan/gnìomhan freagarrach airson sgoilearan a tha ag obair air ìrean / cuspairean eile cuideachd.

## 3. SQA

### Alasdair Bauld agus Jennifer McHarrie

Co-bhùth-obrach SQA còmhla ri Alasdair Bauld (Eòlaiche Leasachadh Theisteanasan – Gàidhlig) agus Jennifer McHarrie (Co-òrdanaiche Theisteanasan – Luchd-ionnsachaidh). Bidh Pàirt 1 a’ coimhead air atharraichean air Gàidhlig Àrd Ìre, agus comheadaidh Pàirt 2 air cùisean nas fharsainge a tha a’ cuartachadh FMG aig Ìre Àrd-sgoile.

---

## 4. Co-mheasadh

### Ruairidh Mac a’ Phiocair (Fileanta)

### Shonagh NicIllFhinnein (LI)

Bidh a’ bhùth-obrach ag amas air Co-mheasadh ann am Foghlam Coitcheann Farsaing, a’ coimhead air mar a bu chòir gnìomh measaidh iomlanach a phlanadh, cò ris a tha rùintean ionnsachaidh èifeachdach agus slatan-tomhais soirbheachais coltach, agus dè a th’ anns a’ chearcall cho-mheasaidh.

---

## 5. Ionnsachadh gnìomhach

### Fiona Nic an Aba

A’ coimhead ri Gàidhlig agus mar a bhios sgoilearan a’ leasachadh nan sgilean cànan aca le bhith ag obair còmhla ann an dòigh gnìomhach.

---

## 6. A’ teagasg chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig

### Catriona Nic a’ Phì

Cothrom coimhead air far a bheil sinn an-dràsta agus beachdachadh air fuasglaidhean do dhuilgheadasan. Airson an dàrna leth den bhùth-obrach, gheibh sibh an cothrom co-obrachadh le tidsearan eile a tha ag obair anns na h-aon chuspairean ribh fhèin.

---

## 7. Cànan agus na cuspairean cruthachail

### Críostóir de Piondargás

Cànan, ealain agus teicneòlas: luach modh-ionnsachaidh eadar-chuspaireil ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

---

# Co-bhùthan-obrach – Bun-sgoil & Àrd-sgoil

## 1. Eadar-ìrean

### Cathy Mary Nic a' Mhaoilein

Bidh Cathy Mary Nic a' Mhaoilein a' toirt seachad fiosrachadh mu phròiseact eadar-ìreil a rinn i am-bliadhna le tidsearan GME ann an Leòdhas. Bidh cothrom aig an fheadhainn sa bhùth-obrach a bhith ag obair le tidsearan eile ann am buidheann, gus taghadh agus planadh a dhèanamh air cuspair a bhiodh freagarrach dha na sgoilearan aca fhèin ann am pròiseact eadar-ìreil.

---

## 2. A' meudachadh ceannardas

### Joan Esson agus Daibhidh Burgess - Foghlam Alba

Shònraich am foillseachd sgrùdaidh 'Càileachd agus leasachadh ann am foghlam an Alba 2012-2016' gu bheil luchd-obrach ann am Foghlam Gàidhlig a' gabhail gu math ri ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd (CLPL) a tha ag amas air ceannardas ann am FMG. 'S iad na tidsearan ann am Foghlam Gàidhlig as cudromaiche a thaobh mar a shoirbhicheas le Gàidhlig anns a' churraicealam. Bheir a' bhùth-obrach seo cothrom dhut faighinn a-mach mar as urrainn prògraman agus gnìomhan SCEL cuideachadh le:

- luchd-obrach nan ceannardan a' sìor thoirt buaidh dheimhinneach air Gàidhlig sna h-ionadan aca
  - luchd-obrach a' leasachadh an sgilean agus an teisteanasan 's iad nan ceannardan meadhan-ìre agus àrd-ìre
- 

## 3. Measaidhean Coitcheann Nàiseanta

### Dòmhnall A MacLeòid agus Maeve NicFhionghain

Chaidh measaidhean air-loidhne a leasachadh a chuidicheas gus adhartas sgoilearan ann an litearrachd agus àireamhachd aithneachadh. Cuiridh na toraidhean fiosrachail taic ri breithneachadh proifeiseanta nan tidsearan. Nì a' chlann agus na daoine òga gu lèir ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (P1, P4, P7 agus AS3) MCNG air litearrachd agus àireamhachd tron Ghàidhlig.

Sa bhùth-obrach seo gheibh com-pàirtichean geur-bheachd air na MCNG; an reusanachadh air cùl nam measaidhean; am pròiseas leis an deach na ceistean airson nam measaidhean a leasachadh; agus tuigse air na toraidhean fiosrachail a bheir an siostam, agus mar as urrainn seo cur ris a' mheasadh nas fharsainghe air clann agus daoine òga.

Thèid a' bhùth-obrach a stiùireadh le Dòmhnall A. MacLeòid, Manaidsear For-ruigheachd, MCNG, Riaghaltas na h-Alba agus Maeve NicFhionghain, Àrd-oifigear Foghlaim, Foghlam Alba.